

1961.64(16)

Supplies of this Communication to be had by applying to
"THE SECRETARY OF THE PROVISIONAL COMMITTEE,
7, NORTH ST. ANDREW STREET, EDINBURGH."

DLEASDANAS EAGLAIS NA H-ALBA.

GAIRM, O CHO-BHUIDHEANN MHINISTEIREAN NA COMH-GHAIRME,
AGUS SHEANAIREAN NA H-EAGLAIS, AN DUN-EIDIN.



"Gu deimhin cha téid mi do phailliuin mo thighe, cha téid mi suas air mo leabaidh ;
cha toir mi codal do m' shàilibh, no suain do m' rosgaibh, gus am faigh mi àit do
'n Tighearn, ionad-còmhnuidh do Dhìa treun Iacoib."—Salm, cxxxii. 3, 4, 5.

A CHAIRDEAN IONMHUINN,

CHUALA sibh uile, cheana, mu 'n Chomh-ghairm do mhinisteiribh na h-Eaglais a shuidh an Dun-éidin, mu thoiseach a' gheimhraidh so chaidh. Leugh sibh, tha sinn an dòchas, an Earail-mhineachaидh a chuireadh a mach leo. Chuala sibh, o sheirbhisichibh an Tighearna, ann an coinneimhibh, 'n ur Sgìreachdaibh féin ; agus chuala cuid dhibh, o mhinisteiribh bhur Sgìreachdan, mìneachadh air a' chor mhuladach, a réir seallaidh, anns am bheil ar n- Eaglais, 's an là an diugh.

An déigh do 'n Chomh-ghairm an Dunéidin sgaoileadh, dh' fhàgadh leo, buidheann àraid do mhinisteiribh na h- Eaglais, air an comharrachadh leis a' Chomh-ghairm, gu bhi mar Luchd-comhairle's a' cheart àm, an Dun-éidin, agus gu bhi a' cur rabhaidh agus ghairmean a mach, a réir mar chiteadh leo cùisean na h- Eaglais a' dol air aghaidh, agus a deuchainnean a' tighinn dlùth oirre. Goirid an déigh do Chomh-ghairm nam ministear sgaoileadh, bha coinneamh mhòr eile a chruinnich an Dun-éidin, do Sheanairibh na h-Eaglais, a thàinig an ceann a chéile o Sgìreachdaibh na Galldachd, agus na Gaeltachd, a chum comhairle a ghabhail, maille ri h- ùrnuigh, mu chor na h-Eaglais, agus a chum 's gu 'm biodh làmhan sheirbhiseach dhileas an Tighearn fuidh bheannachadh Dhé, air an neart-achadh leo, an àm na deuchainn so. Chomharraicheadh leis a' choinneamh so mar an ceudna, Buidheann àraid d' an àireamh, gu bhi a' coinneachadh o àm gu h-àm an Dun-éidin, gu bhi a' gabhail comhairle, agus a' toirt rabhaidh do 'n t-sluagh, mar a chiteadh leo cùisean a' dol air an aghaidh. Goirid an déigh an ama so, a' faicinn do 'n dithis

bhuidheann ud, gu 'm b' e an an t-aon aobhar mòr agus eudthromach bha aca le chéile 's an amharc ; 's ann a cho-aontaich iad gu 'n dlùthraigheadh iad r' a chéile 'n an aon bhuidheann, agus air do 'n aon chomhairle bhi aca, gu 'n cleachdadh siad iad féin gu dìchiollach, gu bhi, 'n an aon, 'a toirt rabhaidh agus soilleireachd do shluagh na Tire, mu chor agus mu dhleasdanas na h-Eaglais, agus gu bhi a' cur air aghaidh an ulluchaidh sin a tha feumail, roimh làimh, a chum, agus 'n uair thigeadh na deuchainnean air an Eaglais, a bha, agus a tha, ag amharc mar nithibh ro-dhlùth aig làimh, gu 'm faigheadh a luchd-dreuchd agus a buill a tha toileach bli a' togail am fianuis air taobh Chriosd agus 'fhirinn, 'n an aon, agus mar aon noach, ullamh dol air aghaidh, ann an neart agus ann an ainm an Tighearna, agus gu 'm bitheadh a Shoisgeul glòrmhor-sa, agus a shearmonachadh, saor o chuing thruaillidh na daorsa, air an seasamh, agus air an cumail suas 'n ar measg.

A nis, 's ann o 'n Cho-bhudheann so an Dunéidin, tha so a' tighinn, a Chàirdean, do bhur n-ionnsuidh. Tha sinn gu bhi a' labhairt ribh mar chàirdibh,—tha sinn an dòchas, 's an Tighearn,—a' guidheadh oirbh, le uile dhùrachd ar cridhe, gu 'n amhairceadh sibh, ann an solus na Firinn, ris an t-sligte sin tha a nis mu bhur coinneamh ; agus ann an aimm an Tighearn, gu 'n gluaiseadh sibh innse, gu réidh, aon-sgeulach, fearail,—“air bhi do 'ur leasaidh air an criosachadh le firinn.”

Tha làithean, gu soilleir, gu tighinn air ar Tir, nach facas an leithid o cheann ionadh linn. Tha a' ghairm an diugh, air tighinn a mach, mar a thàinig roimhe, ann an camp Israeil, le beul Mhaois, “Co tha leis an Tighearn ?” Feumaidh gach aon neach, e féin, agus i féin, a thaisbeannadh, ciod an taobh d' an dithis air am bi aca an ionad seasaimh.

A chum agus gu 'n tuigeadh gach neach gu soilleir, poncail, ciod e anns a' chìas so, slighe a dhleasdanais, oidharpichidh sinn, a Chàirdean, ann am beagau blriathran, a chur an cùll dhuibh, na tha air tachairt a thaobh na h-Eaglais, o 'n àm's an do choinnich a' Chomh-ghairm an Dun-éidin. Chuir a' Chomh-ghairm an gearan an làthair Luchd-comhairle na Rioghachd. Chaidh, roimhe sin, le Ard-Sheanadh na h-Eaglais, Cùis-thagraidh chòirichean na h-Eaglais agus a Gearan, a chur air beulaobh na Luchd-comhairle ceudna. Chunnaic cuid dhibh, tha sinn a' creidsinn, am Freagradh a thàinig uatha sud, (oir chuireadh an Gaelic e,) anns am bheil an Luchd-comhairle a' coireachadh na h-Eaglais féin air son nan trioblaid, tha air tighinn oirre,—tha mòran anns an Flreagradh mu thimchioll chòirichean aimsireil nan daoine mòra, agus mu dhleasdanas na h-Eaglais, i bhi umhail do 'n uachdaranaichd aimsireil. Ach faicibh am bheil ann, aon ghealladh, gu 'm faigh an Eaglais aon flurtachd, no, aon fhuasgladh, o 'n tròm aiunear, a rinneadh air saorsa spioradail a sluaigh, le Cùirtibh an lagha ! Cha 'n eil lideadh : 's ann a tha na Cùirtean ud air an dionadh ; agus e air innseadh do 'n Eaglais, gu 'm feum i géill a thoirt do gach breith a bheirear a mach leo sud, ann an nithibh spioradail ! 'S e so suim agus brigh an fhreagradh.

Ann an Cùis-thagraidh na h-Eaglais, agus 'n a Gearan, a chuireadh a dh'ionnsuidh Luchd-comhairle agus Pàrlamaid na Rìoghachd leis an Ard-Sheanadh mu dheireadh, tha gu farsuing, soilleir, air an cur sios, na Laghanna agus na Riaghailtean, air an d' aontaich Rioghachd na h-Alba, o shean, gu 'm biodh Eaglais ar Tire, air a stéidheachadh, agus air a stiùireadh ;—laghanna, leis am bheil an saorsa mu nithibh spioradail air a

daingueachadh do shluagh na Tiro so, mu 'n Luchd-teagaisg a bhi o dhuinn aca 's an Eaglais; agus a réir am bheil mar an ceudna, làn dòn aig Luchd-dreuchd na h-Eaglais, o Chuirtibh aimsireil an lagha bhi a' tighinn a stigh orra, mar tha iad a nis a' déanamh; agus o iad a bhi a' tilgeadh bun os ccann gach breth a bheircar a mach lois an Eaglais ann an cùisibh spioradail. Tha a' Chùis-thagraidh cheudna, a' cur an céill, cia mar chaidh an t-saorsa ud uilo a dhaingneachadh lo Reachdaibh Pàrlamaid, do shluagh agus do Luchd-dreuchd Eaglais na h-Alba, 's an àm 's an dcachaidh an da Rioghachd, Sasunn agus Alba, aonadh r' a chéile. 'S e a chaidh a dhaingncachadh, an uair sin, nach biodh atharrachadh air bith air a dheanamh air na laghannaibh a réir an robh a saorsa spioradail, agus a sochairoan aimsireil gu bhi aig Eaglais na h-Alba, anns gach linn ri tighinn.

Air an ochdamh là fiochadh do cheud mios an Earraich so, chaidh Cùis-thagraidh chòirichean, agus Goaran Eaglais na h-Alba a thoirt air boul-aobh na Pàrlamaid. Agus ciod a chaidh iarruidh o Phàrlamaid Bhroa-tuinn? Chaidh so;—gu 'n amhairceadh iad a stigh aims a' ghnothuch, a chum 's gu 'n daingnichtoadh gu h-as ùr, do 'n Eaglais, saorsa a sluaigh, agus dion dhi, o Chuirtibh aimsiroil an lagha. Mhair an tagradh ann an tigh na Pàrlamaid dà là, no dà fheasgar.—Shoas suas air taobh ar n-Eaglais, triùir no ceathrar do 'r luchd-dùthcha féin; thagair iad a cùis, gu duineil, soilleir, drùidh-teach; ach, a dh' aindeoin mòran molaidh a rinneadh air Eaglais na h-Alba le cuid do Luchd-comhairle na Rioghachd, 's ann a thagair na doarbh dhaoine ceudna, gu dian, an aghaidh a còirichean; agus anu an aon fhocal, dhiùlt Pàrlamaid Bhreatuinn, soalltuinn idir ri Cùis-thagraidh, agus ri Goaran ar n-Eaglais! Cha d' àich-oadh iad nach robh a loithid a laghanna air a taobh, 's a chuireadh gu soilleir an céill an Cùis-Thagraidh a còirichean; cha d' aichoadh iad nach d' rinneadh ainnocht oirre anu an cui'd do nithibh lois na Cùirtibh-lagha. Ach dhiùlt a' Phàrlamaid sealltuinn ris na laghannaibh ud, dhiùlt iad sealltuinn ri gearan na h-Eaglais, a thug i 'n au làthair, mu ainneart nan Cùirtean-lagha. Agus b' o suim na thubhaint Priomh-Chomhairliche na Rioghachd;—an t-saorsa, 's an dòn sin bha Eaglais na h-Alba ag iarruidh, nach robh a leithid do ni ann an Sasunn; agus na 'n d' thugtadh o 's an là 'n diugh do Eaglais na h-Alba, gu 'n iarrtadh an sin c lo sluagh Shasunn mar an ceudna; agus mar so, nach robh aig a' Phàrlamaid ach a dhiùltadh; agus tha a' Phàrlamaid a nis air gabhail na comhairlo a thug e. Tha tagradh agus athchuingean ar n-Eaglais, air an tilgeadh a mach; gun eisdoachd fhaotainn, o Phàrlamaid na Rioghachd.

Is e brigh so uile, o bhi air a dhiùltadh dhuinn gu tur, anns a' cheud àit, gu 'm biodh saorsa aig Cùirtibh ar n-Eaglais, ann an nithibh spioradail; agus anns an dara àit, dhiùlt iad gu 'm biodh saorsa aig sluagh ar dùthcha, o luchd-teagaisg bhi air an cur a stigh orra, a dh' aindeoin; ach gu 'n cuirtoadh a stigh iad a réir toil nam Pàtrona agus nan daoine mòra.

Mar so, seasaidh gach broth, tha na Cuirtoan-lagha air toirt a mach choana, an aghaidh na h-Eaglais agus saorsa a sluaigh. Mar so, bithidh gach breth dhiùbh sud 'n an riaghaitibh do 'n Eaglais, anns gach àm ri tighinn. Mar so, géilleadh an Eaglais, agus cha 'n 'eil aig Cùirtibh-lagha, ach an àilghios fóin a thaobh nithe na h-Eaglais a chur an céill,

agus luchd-drouchd agus buill na h-Eaglais bhi tÙmhail do 'n ailghios-sa. Mar so, tha suidheachadh Eaglais na h-Alba air a' thionndadhl bun os ceann; agus sin gu tur. Feudaidh an t-aon ainm bhi aice an lathair an t-saoghal; ach tha pròmh-bhunaitean Sgriobtuireil a suidheachaidh air am buntuinn air falbh. Mar so, feumaidh Luchd-dreuchd na h-Eaglais shuidhichte, cha 'n o a cùisean a ghiùlan air aghaidh a réir toil' Chriosd, mar tha sin foillsichte 'n a fhocal. Ann an luchd-dreuchd a shuidheachadh, ann an luchd-dreuchd a chur a mach, ann an comunn na h-Eaglais a choimhead, ann am meadhona nan gràs a chur am meud do shluagh na Tire, is e toil agus breth nan Cùirtean-lagha, bhios aig an Eaglais shuidhichte mar riaghait. Is i cainnt nan Cùirtean-lagha,—Tha sibhse, Luchd-dreuchd na h-Eaglais, a' faotainn shochairean aimsireil o 'n uachdaranachd aimsircil, agus feumaidh sibh toil na h-uachdaranachd aimsireil a dhèanamh, ann an nithibh agus ann an cùisibh na h-Eaglais. Tha toil na h-Uachdaranachd siu gu soilleir mu bhur coinneamh a nis; gu 'm bi Luchd-teagaisg air an cur a stigh oirbh, a réir thoil' Chùirtean an lagha, ged thogadh gach duine 's a' choimhthional air leth a ghuth, ag ràdh, nach 'eil e a' faotainn an t-Soisgeil aige, air mhodh chubhaidh no bhuannachdail. Agus feumaidlì Ministeirean na h-Eaglais shuidhichte a chur a stigh, air eagal peanais agus priosain. Agus ge b'e breth a bheirear leo, ann an Cùirtibh na h-Eaglais, feumaidh iad géilleadh gu 'n tilgear a' bhreth sin bun os ccann, leis na cùirtibh aimsireil.

Am bheil e ceadaichte, ma ta, ann an solus na Firinn, do Luchd-dreuchd na h-Eaglais, leantuinn ri an sochaireibh aimsireil, 'n uair is ann air a' chumha so, tha iad a nis gu bhi 'g an sealbhachadh,—ainneart a bhi 'g a deanamh air luchd-aideachaiddh Chriosd; agus 'n a Thigh féin, gu 'm biodh toil agus lagh Chriosd—Ceann agus Righ an Tighe sin, gu h-iomlan air an àicheadh; agus gu 'n tugadh an t-urrám do *Chesar*, ann an Tigh Chriosd, a bhuineas do Chriosd e féin a mhàin? Thugaibh féin breth. Tha e cinnteach ni's lcòr, gu 'n d' rinneadh ainneart air sluagh, agus air coimhthionailibh, ann an amannaibh a chaidh seachad, 'n ar n-Eaglais, lo Ministeiribh bhi air an cur a stigh orra a dh' aindeoin. Is ann lo Luchd-drouchd na h-Eaglais féin a rinneadh sin, d' an saor thoil féin. Cha do chuireadh mar fhiachaibh air bith orra le Lagh na Rìoghachd, no idir le lagh na h-Eaglais, gu 'n deanadh iad sud. Ach, a nis, is e an *Lagh*, gu 'm feum iad a dhèananh. Am bheil no nach 'eiliad a' peacachadh an aghaidh Chriosd agus a shluagh, le bhi ag aontachadh so a dhèanamh?

Agus, a Chàirdean ionmuinn,—cha 'n ann a mhàin aig Ministeiribh na h-Eaglais, tha ri dheanamh ris a' gnothuch ro-chudthromach so. Gheibhear sibhle, a' géilleadh do 'n lagh ud, do na riaghaitibh ud, ma 's e agus gu 'm fan sibh 'n ur buill do Eaglais mar sud air a riaghadh. Gheibhear sibh ag aontachadh, mar a' cur bhur làimh ris, gur h-ann mar so a riaghlar 's a stiùirear Eaglais bhur n-Aithrìchean. Nach abair sibh féin, gu 'm biodh na ministeirean a ghéilleadh do 'n lagh ud, eadhon 'n an luchd-àicheadh air Criod mar am Maighstir agus an Tighearn, agus 'n an luchd-bratha air a shluagh? Seadh, 's i ar beachd-ne, gu 'm biodh iad an sin 'n an luchd-àicheadh agus 'n an luchd-bratha air Criod; oir is aon Easan agus a shluagh. Ciod e a thubhairt Criod ri Saul, 'n uair a bha Saul a' deanamh geur-leanmuinn air an Eaglais? "A Shauil, a Shauil, e' ar son a ta thu 'g am gheur-leanmuinn-sa?" Bhiodh an t-an-troma-

chadh so air am peacadh, gu nì biodh aid 'g a gheur-leanmuinn air sgàth buannachd thalmhaidh dhoibh féin ; agus iad a' gabhail toil' dhaoine mòra na talmhainn so, an àit a thoilc-sa, agus a riaghait-sa.

Ach, a Chàirdean, a' fantuinn dhuibhse, ann an comun, no ann an dàimh ri Eaglais a tha mar sud air a toirt gu bhi ag àiceadh Chriosd mar a Ceann agus a Righ, gheibhear *sibhse*—ag àiceadh Chriosd mar an ceudna :—a' reiceadh na saorsa sin, leis an d' rinn Chriosd a phobull féin saor.-Gheibhear *sibh* a' gabhail “cuing na daorsa” oirbh féin, agus ag aon-tachadh gu 'm bi an Eaglais air a truailleadh, agus air a deanamh 'n a ni neo-ghlan, talmhaidh.

Tha, ma ta, an dleasdanas ro-chudhrromach aig gach aon neach r' a choimhlionadh,—fhaicinn agus aithneachadh, c' àit an seas e, ann an là an dearbhaidh so. Chuala sibh, cheana, gu 'm bheil àireamh nach beag do mhiniesteiribh na h-Eaglais, air rùnachadh, an cuibhrionn aimsireil a leigeil uatha, agus iad féin a thilgeil air freasdal an Tighearna, air son ulluchaidh aimsireil dhoibh féin agus d' an teaghlaichibh, a roghainn air gu 'm faigheataidh iad 'n an luchd-comh-pàirt anns a' pheacadh eagalach so. Cha 'n 'eil iad, an so, ach a' deanamh an dleasdanais do Chriosd, do 'n t-sluagh, agus do Fhirinn an Tighearn. Cha 'n 'eil iad ach a' coimhead nam bòidean a bhòidich iad, 'n uair thàinig iad a stigh do 'n Eaglais mar luchd-dreuchd agus teageasg. Oir, 'n uair thàinig iad a stigh, cha chuala duine 's am bith, gu 'm b' iad so na laghanna a réir an do shuidhicheadh Eaglais na h-Alba. Bu doilich dhoibh. Cha b' iad. Cha robh iad riamh os a ceann gu ruig an là an diugh. Tha iad a nis air an toirt a stigh, an aghaidh gach mineachaидh a rinneadh rianh roimhe air laghanuaibh na Rìoghachd so, eadhon le Cùirtibh an lagha féin.

An uair a bha, mar a dh' ainmich sinn, Cùis-thagraidh Chòirichean na h-Eaglais, air bheulaobh na Pàrlamaid, chaidh ceathrar no cuignear do mhiniesteiribh na h-Eaglais, suas a Lunnuinn, chum 's gu 'm biodh iad 's an làthair. Chaidh dithis no triùir do Sheanairibh na h-Eaglais suas maille riu. Chaidh iad so ainmeachadh agus a shònruachadh a chum so, le Buidheann an Aird-Sheanaidh an Dun-éidin, agus iad uile 'n an daoinibh soilleir, foghlumite. Air dhoibh so pilleadh, chuir iad an céill mar a thachair. Chuir Buidheann an Aird-Sheanaidh, an sin, feudar a ràdh, an gearan mu dheireadh, an làthair Luchd-comhairle na Rìoghachd. 'S gann idir a tha iad an dòchas éisdeachd air bith fhaotainn. Tha, gun teagamh, cridheachan Righreau agus Luchd-riaghlaidh ann an làimhibh Dhè. 'S comasach dha-san, an tionndadh mar is àll leis féin. Ach a réir gach uile choslais ; a réir mar tha Luchd-comhairle na Rìoghachd, iad féin agus a' Phàrlamaid, air cur an céill gu follaiseach ;—éisdeachd 's am bith, cha 'n fhaigh gearana agus Tagradh ar n-Eaglais. Biodh,—maireadh, an *lagh* mar tha e, mar tha e air a mhineachadh le Cùirtibh an Lagha ;—agus thoireadh an Eaglais géill dha,—'s e sin an t-aon fhreagradh a fhuair, 's a tha e ro-choltach, a gheibh sinn. Daingnicheadh cuing nan Cùrtean aimsireil ud mu mhuiteal na h-Eaglais ;—biodh an Eaglais,—a luchd-dreuchd agus a sluagh 'n an iochdaranaibh ùmhail do bhreitheimhnibh Chùirt-an-t-Seisin an Dun-éidin. Sin agaibh an t-aon fhreagradh a fhuair, no, mar is coltach, a gheibh sinn.

A nis, a Chàirdean ionmuinn, tha agaum, r' a chur an céill dhuibh, gu 'm bheil gnè ionraidh air tighinn a mach, gu 'm feud Luchd-comhairle na Rìoghachd agus a' Phàrlamaid, gnè Reachd a thoirt a stigh, air

am bi ni-éigin a dheadh choslas o'n leth muigh, saorsa a thoirt do'n Eaglais;—ni-éigin, a réir *coslais* a thig dlùth do'n ghnothuch a shocru-chadh air bhunaithibh cothromach. Ach ge b'e air bith an ni mar so a nithcar leo,—ge b'e *samhladh* saorsainn a bheirear do'n Eaglais, ma's e agus nach dionar an Eaglais; ma's e agus nach tog a leithid sud do Reachd balla-dealachaидh, gàradh-criche, bhios iomlan, daingean, eadar an Eaglais agus na Chìrtean-lagha,—cha'n fhiu e gabhail ris. Cha'n fheud an Eaglais, gu cothromach; ann an dilseachd do Chriosd, gabhail ris. Tha aobhar-eagail, gu'm buairear cui'd, gu'm meallar iad le a leithid sud. Deanaibh ùrnuigh ris an Tighearn, a Chàirdean, a' guidheadh gu'n tabhair e gràs d'a sherbhisichibh, agus gu'n coimhdear diloas iad. Tha an Tighearn gus a so, air taisbeanadh a' ghràis sin gu h-ióngantach dhoibh.

Is e ar dòchas gu'm bi tuaiream Chùig ceud Ministeir a thig a mach, agus a dhealaicheas ris an Eaglais Shuidhichte, agus r'an cuibhrionn aimsireil. Cha'n eil fios cinnteach an àireimh, gus am faicear. A réir gach coslais, 's an àm, tachraídh so, aig àm coinneachaïdh an Aird-Sheanaidh, a thòisicheas air an ochdamh là deug do cheud mìos an t-samhraïdh. Bithidh an latha sin'n a latha mòr agus cudthromach d'ar Tir. Iarraibh o'n Tighearn, gu'n cuireadh Esan dion air aobhar a ghlòire féin 'n ar measg, agus gu'm faigheadh a sheirbhisich gliocas agus neart.

Ach a nis, an cuir sibh a' cheist so,—Ciod e ar dleasdanais-ne? Ann an ainm aithrichcean agus chàirdean na h-Eaglais, a tha a' seasamh chùisean agus choirichean a sluaigh,—tha a' rùnachadh tighinn a mach; théid sinn a nis air ar n-aghaidh, a mhìneachadh shlige bhur dleasdanais. Is ann mar chàirdibh, agus ri cairdibh an t-Soisgeil, a dh' iarradh sinn a bli a' labhairt.

'Nuair thig an dealachadh mu'n do labhair sinn, cha'n ann ri Eaglais na h-Alba a bhios ar dealachadh, ach ris an truaillidheachd, an sin, leis an truailllear i mar Eaglais shuidhichte. Dealachidh sinn o a peacailbh, o a h-àicheadh air Criosd mar a Ceann agus a Righ.

Buanaichidh, mar a bheirear neart dhoibh, an luchd-teagaisg a thig a mach aisde, ann an searmonachadh an t-soisgeil, agus ann am frithhealadh a h-òrdraighean. Far am faighear an coimhthionalau a' leantuinn na firinn, is o dleasdanas an luchd-teagaisg leantuinn riutha-sa.

Tha dà ni àraid aig sluagh na Tiro so sealltuinn riutha. Bithidh Eaglaisean r'an togail; agus bithidh ulluchadh r'a dheanamh fa chomh-air mhìnistearan na h-Eaglais a thig a mach, a chum 's gu'm bi iad comasach leantuinn r'an dreuchd agus r'an saothair. A nis, tha sinn a' creidsinn, gur h-e a their iomadh neach, ann an coimhthionalaibh, agus ann an Sgìreachdaibh air leth, Cionnus a theid againn idir, air so a chur air aghaidh? Cia mar a dh'fheudas sinne, air dhoigh's am bith, a leithid so a ghabhail os làimh. Cha'n eil sinn ach bochd anns an t-saoghal; ge b'e mar a dh' iarradh sinn an Soisgeul bhi againn. Agus their an neach so, 's an neach ud eile, Ciod e is urrainn dhomhsa a dheanamh? A Chàirdean ionmuinn, na labhraibh mar sin. Is e so aobhar an Tighearna,—aobhar Chriosd. Am bheil an inuitinn thoileach agad? Ma tha, is mòr an ni a tha agad. Eisd ri h-earail, agus taisbein de thoil.

Tha, cheana, ulluchadh a' dol air aghaidh;—cuideachadh 'g a thoirt

seachad, gu fialaidh, pailt, o'n dréam air an do bhúilich an Tighearn 'n a fhreasdal, an comas. Air chionn Eaglaisean bhi air an togail, agus tomhas beathachaидh bhi aig Luchd-teagaisg, tha, *cheana*, tuilleadh's Trí ficheadh 's a deich míle Pùnnid Sasunnach air an cur a stigh; agus an gnóthuch gun bhi fathaist ach a' tòiseachadh. Tha, a chàirdean, nithe iongantach air an taisbeanadh, as ar leth. Ma tha an Tighearn, mar leis an dara làimh 'g ar smachdachadh, tha e, mar leis an làimh eile, a' toirt 'n ar làthair mòr-aobhairean misneich; a' cur an céill gu 'm bi e fein maille riunn; nach fàg agus nach tréig e sinn.

'S i a' chomhairle tha cheana, air a gabhail, so:—a chum Eaglaisean a thogail, 's a' cheud ait, Cruinnichear anns gach Sgìreachd, o gach neach aig am bheil suim do 'n aobhar, uiread 's a dh' fheudas e gu coguisseach, a thoirt seachad. Cuirear so a stigh, 's an aon ionmhas; agus roinnear a mach e air gach Sgìreachd air leth, anns am faighear coimhthional, gach Sgìreachd a' faotann na h-aoin chuibhrinn as an ionmhas so, mar bhos feumail chum Eaglais a thogail, a réir aireimh an t-sluaign intte tha toileach a bhi a' leantuinn an t-Soisgeil. Tha coimhthionalan an Dun-éidin, mar eisimpleir, a tha air cur a stigh 's an ionmhas so, ionadh Mile punnd Sasunnach; agus togar Eaglais dhoibh fein air bheagan *Cheudan* punnd Sasunnach. Tha càirdean dileas na firinn, an Dun-éidin, agus ann am baitibh mòra eile, toileach gu 'm biodh an Eaglaisean-sa, dìreach co simplidh, iosal, agus air co beag costuis, 's a bhos eaglaisean choimhthionalan na Gaëltachd;—an aon ghnè togail air gach aon Eaglais, anns a' Bhaile mhòr, agus air aghaidh na dùthcha air fad;—an t-aon chumadh, 's an t-aon dreach, air gach aon dhiubh; a mhàin, iad a bhi beag, no mòr, mar gheibhear freagarrach, a réir an t-sluaign. Cuireadh, ma ta, gach neach, a stigh, 's an ionmhas so, mar a shoirbhich an Tighearn leis 'n a chuibhrionn aimsireil. Cuireadh am bochd agus am beartach a stigh. 'S ann air son an aoin aobhair choitchinn, air feadh na Tire, a blitheas e; agus nia gheibhear an innseach thoileach, dùrachd dhileas air taoibh na firinn mar so, aig a' bhochd, agus aig a' bheartach araon, cruinnichear na bhos feumail, ann an àine ghèarr, gu Eaglais a thogail anns gach Sgìreachd, air fad farsuingeachd na h-Alba. An so, dearbhar dilséachd an t-sluaign:—a chum an dleasdanais so, tha an Tighearna'n a fhreasdal, an diugh, 'g ar gairm. Is mithich tòiseachadh. Comharrachibh coinneamb, 'n ur mearg fein 'n ur Sgìreachdaibh air leth. Sònruichibh a mach, duine dileas, anns gach coimhlearsnachd,—Cuiribh 'n a làimhibh-sa, an ni bcag no mòr a tha 'n ur comas a thoirt seachad. Gheibh e gu furasda, a chur a Dhun-éidin;—deanadh gach neach, ach a mhàin, aon uair, 's a' ghnóthuch so, a réir a chomais, gu coguisseach, saor, fialaidh—is ann do 'n Tighearn a bheirear e; agus fuidh a bheannachd-sa, chi sibh Eaglais air a togail, an àine ghoirid, gun bhi fuidh cheanglaichibh no fuidh bhannaibh aig *Pàtrónaibh* no aig daoinibh mòra, anns an seàrmònaichear an Soisgeul gu saor; anns am frithilear òrdughean an t-Soisgeil, a réir comhairle an Ti sin, is e Ard-Shagart ar n-aidmheil; anns an gairm sibh bhur luchd-teagaisg fein, fuidh bhannaibh an t-Soisgeil a mhàin, a réir riaghailtean suidhichte, air an gairmeair sibh fein roimh làimh gu bhi a' toirt bréth.

Ach, their euid, anns a' cheud ait, Ciod a ni sinne, agus nach faigh sinn, o uachdaranaibh an Fheàrainn, o dhaoinibh mòra an t-saoghail, uiread agus làrach, air am faigheadh sinn Eaglais a thogail? Is aobhar mhulaid, gu cinnteach, gu 'm feud an gnothuch bhi mar sin, ann an ionadh Sgì-

eachd. Bithibh-se, a Chàirdean ionmhuinn, a dh' aon innitinn,—dlùth-aichibh r' a chéile. Is e tha an so, aobhar an Tighearn. Gairmibh air an Tighearn; ann an uaigneas, agus maille r' a chéile. Nach comasach dha-sa, cridheachan dhaoine a thaiseachadh, agus am fosgladh, air chor agus gu nochd iad caoimhneas, a dh' aindeoin mar dh' fheudas iad bhi an diugh 'n ur n-aghaidh? Earbaibh ris-se. Bithibhse seasmhach. Bithibh stuama. Bithibh ciùin 'n urtagradh riutha. Nabithibh air bhur brosnuchadh gu feirg 'n an aghaidh. Deanaibh urningh air an son. Sgaoilibh blur cùisean an làthair an Tighearn. Bheir Easan fuasgladh. Na bithibh air bhur tilgeadh sìos le dlobhail misneich, mu thimchioll so. Coinnichibh a chéile; labhraibh r' a chéile; gabhaibh comhairle maille r' a chéile. Bheir an Tighearn solus. Agus na bacáibh bhur làimh 's a' ghnothuch ro-chudthromach so, gus am faie sibh an t-slighe, cheana, air a fosgladh. Tòisichibh a nis. Na deanaibh maille. Mar a 's mò a ni sibhse maille, 's ann is mò a ghlacar misneach leis an dream a tha 'n ur n-aghaidh. Feudaidh gu bheil ministeir bhur Sgìreachd 'n ur n-aghaidh; agus air taobh nan daoine mòra. Ma tha,—an duine bochd, is ann dha féin is measa. Na bithibh ann an naimhdeas 'n a aghaidh-sa. Na càinibh e. Na labhraibh gu reasgach ris; agus na labhraibh gu cruaidh 'n a aghaidh. Do a mhaighstir féin seasaidh, no tuitidh e. Bithibh ri urningh as a leth. Cha chomasach dha bhur bacadh 's a' ghnothuch mhèr so, ma 's e agus gu 'm faighear dileas dhuibh féin sibh. Tha an t-àm air tighinn, anns am fous gach neach bhi air taobh Chriosd no 'n a aghaidh; agus sin gu follaiseach. Faicteadh mu bhur timchioll-sa, a Chàirdean, gur h-e gràdh na firinn, agus saorsa an t-Soisgeil tha air bhur n-air, agus nach e fuath no mì-run, no naimhdeas an aghaidh dhaoine; agus "An uair a ghabhas au Tighearna tlachd ann an slighibh duine, bheir e air a naimh-dibh féin bhi ann an sith ris."

Ach, chi sibh féin, a Chàirdean, gur h-ann a réir mar thaisbeanar eud agus dilseachd do 'n aobhar anns gach Sgìreachd air leth, a neartaichear e, air feadh ar Tìre air fad. Tha sinn a' guidheadh oirbh, uime sin, gu 'n tòisich sibh *& nis.*

Ach an leòir, their sibh, Eaglaisean a thogail? Cia mar chumar suas Luchd-teagaisg anna? Gu cinnteach cha leòir. Feumaidh an luchd-teagaisg bhi air an cumail suas; ged nach urrainn iad bhi an dòchas a leithid a thighinn a stigh bhi aca, 's a bha aig mòran dhiubh 's an Eaglais shuidhichte. Tha fios againn gur h-e a theirear ribh le cuid, gu 'm bheil an luchd-teagaisg a thig a mach o 'n Eaglais stéidhichte, 'g ur gairm a chum an dleasdanais so, air an sgàth féin,—air sgàth buannachd aimsireil dhoibh féin. 'S cinuteach agus is soilleir an gnothuch, na 'm b' i buan-nachd aimsireil bhiodh aca sin 's an amharc, gu 'n robh e gu saor 'n an comas an cuibhrionn aimsireil a choimhead, le fantuinn a stigh. Nach robh, agus nach 'eil fathast, so 'n an comas? Ach, nochdaidh iad, le thighinn a mach, nach i a' bhuannachd aimsireil, dhoibh féin no d' an teaghlaichibh ris am bheil iad ag amharc. Agus cha 'n aithne dhuinn, cia mar a b' urrainn dhoibh fianuis ni bu shoilleire air an dilseachd dhuibhse, a thoirt do 'n t-saoghal, agus do 'n Eaglais choitchionn, na bheirear leo, le iad féin agus an teaghlaichean fhàgail gun chuibhrionn agus gun ulluchadh aimsireil; agus air sgàth an t-Soisgeil, agus saorsa agus sochairean spioradail an t-sluaign, iad féin earbsadh ri cùram an Tighearn, d' am buin an talamh agus a làn. Cuireadh gach neach a' cheist ris féin.

Thoiréadh e an gnothuch g' a uchd fein. An toireadh tu féin seachad do chuibhríonn aimsireil féin air sgàth an t-soisgeil, agus a chum 's gu 'm bitheadh saorsa agus sochairean an t-Soisgeil air am mealtuinn leo-san a tha timchioll ort, agus le sluagh do dhùthcha? Cha'n 'eil sinn idir ag ràdh, gu 'n dean an Luchd-teagaisg, an so, ach an dleasdanas. Tha e mar fhiachaibh orra a dheanamh, ann an dilseachd do Ughdair glòrmhoir an t-Soisgeil. Tha e mar fhiachaibh orra, ann an dilseachd do'n coimhthionailibh. Tha e mar fhiachaibh orra a réir nam bòidean a bhòidich iad. Tha e mar fhiachaibh orra, a chum leas spioradail nan ginealach a tha ri tighinn 'n an déigh. Oir, fanadh iad so a stigh; agus a réir nan ceanglaichean sin fuidh an toirear a nis Eaglais na h-Alba, mar Eaglais stéidhichte; agus bitidh an sin ùglidarris dhaoine, laghanna dhaoine, toil dhaoine, air an cur suas 's an Eaglais, an àit ùghdarrais, laghanna, agus toil' Chriosd. Bidh an saorsa spioradail air a buntuinn air falbh o choimhthionailibh ar Tire; agus bidh na riaghailtean fuidh an d'thàinig an Luchd-teagaisg ud a stigh, agus a bhòidich iad gu 'n seasadh iad riutha; agus sin, a dh'aindeoin trioblaid no geur-leanmuinn a dh'fheudadh tighinn orra,—bidh iad sin, a nis air an tilgeadh bun os ceann, agus riaghailtean eile colgdhireach an aghaidh an t-Soisgeil, air an cur suas 'n an àit. Ann an tighinn a mach, cha deanar leo ach an dleasdanas. Ach tha e ni-éigin cruidh, gu 'n tugadh 'n an aghaidh, gur h-e buannachd aimsireil tha a nis 'n an amharc. Amhaicibh féin, a Chàirdean, air "oibríbh" gach buidheann d' an dithis; agus bu tamailt eadhon d' ur tuigse nàdurrach a smuaineachadh, nach faiceadh sibh féin gu soilleir, co a' bhuidheann d' an dithis, a's mò aig am bheil am buannachd aimsireil féin 'n an amharc! Ach, a dh'aindeoin na theirear le naimhdibh an Luchd-teagaisg so, 's i an Fhìrinn a sheasas; seadh, agus bitidh a' bhuaidh aice mu dheireadh.

Agus, cha'n e an Luchd-teagaisg a chumail suas, cha'n e sin am fior ghnothuch ris am bheil sibhse air bhur gairm a bhi ag amharc a nis. Is e am fior ghnothuch, an Soisgeul a chumail suas 'n a fhrithealachd fior-ghlan, aon am farsuingeachd ar Tire. Is ann a chum an Dleasdanais siu, ma ta, tha sinn uile, a nis, air ar gairm, ann am Freasdal Dhé. Is fad o thugadh leis an Tighearn 'n a mhaiteas, d' ar Tir e. Mhi-bhuilicheadh an t-sochair phriseil, araon le Luchd-dreuchd, agus le buill ar n- Eaglais. Tha an Tighearna 'n a cheartas, ann am breitheanas, an àrd-uachdar-anachd a fhreasdail, air tionndadh, gu a chùis féin a thagrachd 'n ar Tir. Bheirear leis-sa an gnothuch gu dearbhadh,—cò iad le 'n aill, gu 'n coimhdeadh o fathast an Soisgeul 'n ar measg. Eireadh iad. Nochdadh siad iad féin. Gairmeadh iad air an Tighearn, ag aideachadh am peacanna agus peacanna ar là, 's ar ginealaich. Saothraicheadh iad. Nochdadh iad an creidimh le an oibríbh. Agus a réir saoibhreas a mhaiteis, a thròcair, agus a ghráis-sa, co aig am bhéil fios, nach pill Esan, agus nach faicear leinn fathast, 'obair ghloirmhor-sa a' soirbheachadh 'n ar measg, mar chunncas roimhe, anns na linnibh o shean:—an Eaglais air a glanadh, air a dealachadh o 'n t-saoghal; agus far am bheil Chriosd air 'aideachadh, mar a Ceann agus a Righ, gu 'm faicear ceumannna rioghail 'imeachd-sa, 'n ar n-ionadaibh naomha.

Ach, pillidh a' cheist, cia mar nithear an t-ulluchadh? Oidharpichidh sinn a nis, sin a chur fa'r comhair, am beagan bhrithran.

Tha Eaglais Shuidhichte na h-Alba, a' faontain mar bheathachadh aimsireil, o'n Rìoghachd, tuaiream *Dà cheud agus leth-cheud mile punnd*

Sasunnach. Na n toireadh na h-uile teaghilach an Alba, seachad, *aon Sgillin ruadh* 's an t-seachduin ; Ciod an t-suim airgid, am bheil sibh am barail, gus an tigeadh so 's a' bhliadhna ? Thigeadh,—gu tuilleadh agus *Ceud mile Punnd Sasunnach.* Agus, leis na h-uile Teaghilach, tha sinn a' ciallachadh, chà 'n e gu 'n toireadh gach neach 's an Teaghilach e, ach an Teaghilach an ceann a chéile, an aon sgillinn a mhàin. Ach, tha iomadh ceud, seadh, iomadh mile Teaghilach nach tabhair seachad so féin air són a leithid a' dh' aobhar. Mo thruaighé, gu 'm bheil ; agus sin do na teaghlaichibh a's saoibhre 'n ar mea sg. Romhaith, ma ta, cha'n cil comes air. Ach, gu 'm bu bcannaichte Esan, o a am bheil an toil agus an gnìomhl, —tha na ceudan, seadh, tha na miltean Teaghilach, an diugh an Alba, ro-thoileach, mòran tuilleadh a thoirt seachad. Tha mòran dhiubh air so a nochdadh cheana, —cuid dhiubh *Trì cheud, Dà cheud Punnd Sasunnach* 's a' bhliadhna, cuid, *ceud*, cuid *leth-cheud*, cuid, *fichead*, agus mar sin air aghaidh. 'S ann, a Chàirdean, is rò-ióngantach, an tomhas, 's am bheil so, a cheana, air a leigeal ris. Is mòr aobhar bhuidbeachais do 'n Tigh-earn e. Is mòr aobhar mhisnich, 'n a aobhar e, do rìreadh. Ach their cuid, —O, ged bheireadh na h-uile Teaghilach 's an Sgircachd bhochd agaínn, an *aon Sgillinn* bhochd 's an t-seachduin scachad, Ciod o a dheanadh sin uile ? Bu bhochd an tighinn a stigh do fhcar-teagaisg e !

Bheircar, a Chàirdean ionmhuiinn, an gearan so as an rathad oirbh. Is e an dòigh a ghabhar mu thimchioll so :—Na chruinnichear anns gach Sgìreachd air leth ; beag no mòr e, Cuircar an ceann a chéile sud uilo, 's an aon Ionmhas choitchionn, fuidh chùram Luchd-gléidhidh agus amhairc, air an taghadh leis an Eaglais, agus cha 'n ann le *ministeiribh* na h-Eaglais : agus as an Ionmhas choitchionn sin, roinnear a mach, air Luchd-teagaisg na h-Eaglais, an aon chuibrionn air gach aon duine dhiubh. Tha ministeirean na h-Eaglais, a 's mòr aig am bheil do theachd-a stigh an diugh, 's an Eaglais Shuidhichte, mar tha an Dun-éidin, agus ann an cuid do Bhaitibh mòr-eile, air cur an céill gu bheil iad làu-thoiléach, an gnothuch bhi mar so air a shocrachadh. Tha ; daoine aig an robh gus an diugh, Tri, ceithir, chig, sèa, agus *seachd ccud* 's a' bhliadhna, toilichte, gu 'n gabh iad uiread agus uiread maille r' am bràithrean, ged nach ruigcadh *aon cheud* 's a' bhliadhna orra, as an ionmhas choitchionn ud ; a chum 's gu 'm bi aig an Fhear-theagaïs 's an Sgìreachd a's bochda 's a' siomallaiche 'n ar Tir, an aon chuibrionn 's a bhios aca-sa. Agus an iad sin na daoine, mu 'n abair naimhdean ribh, gur h-e am buannachd aimsireil féin tha iad a' sìreadh ?

A nis, tha sinn, a Chàirdean ionmhuiinn, a' labhairt ribh, mar choimh-tlionailibh, mar Theaglaichibh, agus mar neachaibh air leth. An àll leibh Soisgeul glòrmhòr Chriosd bhi agaibh, agus aig bhur sliochd 'n ur déigh ? Ma 's àll, —cha 'n eil ceist no teagamh gu bhi s'a' ghnothuch. Mosglaidh ! Thigibh air bhur n-aghaidh. Cuiribh bhur làimh i i obair an Tighearn, a' sìreadh le bhur cridhè, a làthaireachd agus a ghuìis. Tha cnid, anns gach aon ni a thig fa 'n coinneamh, aig nach faighean, ach ag, agus teagamh. Na cuireadh so mi-mhisneach oirbh. Bha, agus bithidh an leithid so ann. Leigibh leo ; ach na bacadh iad sibh.

Ach, cionnus a thòisicheas sinn ? Gairmibh coinneamh eadarainn fein. Faicibh, co a tha toileach, ann an coimhearsnachdaibh, no ann am bailtibh bhur Sgìreachd, beagan dragha a ghabhail 's a' ghnothuch.

Roinnibh a mach an Sgìreachd, 'n a cèarnaibh àraig, mar is freagarraiche, agus biodh aon neach air a shònruachadh leibh, do gach cèarna air leth, a théid timchioll, agus a thogas o gach Teaghlaich, o sheachduin gu seachduin, am beagan a tha iad toileach a thoirt seachad, agus air a *lughad*, togadh iad e. Ainmichibh aon duine as bhur measg féin, d' an toirear a stigh na chruinnichear mar so, agus leis an cuirear air aghaidh e, beag no mòr mar bhitheas e, do Dhun-eidin, aon uair 's a' mhios, no 's an ráidh; agus biodh duine eile air ainmeachadh leibh, a sgríobhas ann an Leabhar, 's a ghleidheas cunntas poncail air na chàidh a chruinneachadh. Coinnicheadh an dithis so, agus an Luchd-cruinneachaidh, aon uair 's an t-seachduin, ma 's comasach sin idir, no, mur comasach sin, aon uair 's a' mhios. Cuireadh iad an comhairle r' a chéile, o àm gu h-àm, cia mar is feàrr a dh' fleudar an gnothuch a chur air aghaidh. Ged nach ruigeadh mar so, Sgìreachd, air *Fichead Punnd Sasunnach* 's a' bhliadhna a chruinneachadh, feudaidh, gidheadh, Eaglais, agus Fear-teagaisg bhi aca. Neartaichibh an t-ionmhas coitchionn. 'S aum a réir mar neartaichear, 's mar meudaichear sin, a bhios cothrom air meadhona nan gràs a nis, a chur air chois gu coitchionn 's an Tir.

A Chàirdean gràidh, is maith is aithne dhuinn so,—nach 'eil sibh air feedh na Gaeltachd, air bhur cleachdamh ri a leithid so do shaothair. Agus tha mòran a their,—O, na Gaeil,—cha dèan iad saothair; bheir iad a seachad an cuid airgid air son ni's am bith ach air son an t Soisgeil! Cha seas iad ris; cha do chleachd iad a leithid! Cha lean iad ribh! Cha għluascar gu saothair iad! Agus ged għluasteadh, sgħiġiċċidh iad an īnne għearr! Cha 'n 'eil feum dħuibh bhi riutha! Ach cha 'n urrainn sinn so a chreidsinn. Cha 'n 'eil sinn 'g a chreidsinn.

Cha do chleachd sibh a leithid; is fior sin. Ach, tha a nis atharrachadh cor' air tighinn air ar Dùthaich. Is anu o làimli an Tighearn a tha e. Is e tha Esan gu soilleir, a nis, a' cur an céill dhuinn 'n a fhreasdal, mur a mosgail, mur a saothraich sinn, gu 'n toirear an Soisgeul air falbh uainn, mar dhùthaich agus mar Thir. O, a chàirdean, is e tha an so, ni ro-eagalach, a tha air tighinn oirnn. Agus, o na chunnaic, na chuala, 's is aithne dhuinn, 's anu a tha sinn a 'm beaclid, gur h-ann-air feedh na Gaeltachd a għiebhear fathast an dream a 's beothaile, a's eudmhore, agus a 's dilse 'n ar Rioghachd. Tha fios nach 'eil bhur cuibhrionn aimsireil ach gann aig a' chuid mlor dhibh. Ach nach faic sibh, mar tha an Tighearna 'g ur misneachadh, le e bhi air cur ann an eridhibh bhur co-luchd-dùthcha 's na bailtibh mòra, 's air Għalldachd, d' an saoibhreas-sa a bhuileachadh gu fial, chum 's gu 'n cumtadh suas ann bhur measg-sa, frithealadh an t Soisgeil. Agus le so, ciod i a' ghairm a tha agaibh an diugh? Deanadh gach Sgìreachd, gach coimhthional, gach Teaghlaich, gach neach, direach an dichioll 's a' ghnothuch. Aithnichear ma ni. Agus tha sinn an dòchas, do rireadh gu 'n déan. "Oir," deir an t-abstol Pol, tre 'n Spiorad, "ma bhios air tùs intintinn thoileach ann, gabhar ris, a réir mar a ta aig neach, agus cha 'n ann a réir nan nithe nach 'eil aige." Na abradh a h-aon, Ciod e am feum dhomhsa tòiseachadh! Air lughad do chuideachaidh, is anu le beagan agus beagan a nithear am mòran suas. Tòisichibh, a nis. Tha Sgìreachdan 's a' Ghaeltachd, cheana, agus anns na h-eileanaibh, tha 'g an nochdadh féin trouw do rìreadh, air taobh an aobhair, eadhon 'n am bochduinn, 's n an uireasbluidh. Teaghlaich air bith, ged fheud an cuibhrionn a bli ach do



rìreadh iosal, sgillinn 's an t-seachduin a thoirt seachad, cha bhiodh sin dhoibh an ceann na bliadhna, ach *ceithir sgillinn Sasunnach agus ceithir sgillinn*. An ionndraineadh iad sud an ceann na bliadhna? Nach comasach an Tighearn a dheanamh suas dhoibh? Is ann a chum aobhar-sa chur air aghaidh a tha o. Agus, cuimhnichibh, gur h-ann mar a bheirear seachad gach aon bheagan mar so, a mheudaichead agus a neartaichéar an t-ionmhas coitchionn. Deanadh gach neach, ma ta, direach mar gu 'n robh an gnothuch an earbsadh r' a shaothair féin. A' mhuinntir air an do bhuilich Dia 'n a fhrearsdal an comas, agus d' an d' thug e an inntinn thoileach, choguiseach, air a thaoblh féin, agus gràdh d' a fhirinn, agus do anamaibh dhaoine, bheir iad tuilleadh, mar a shoirbhicheas an Tighearn leo. O, a Chàirdean, na 'n robh aon inntinn thoileach, choguiseach, dhileas, air a faotainn 'n ur measg uile, agus eadhon mar tha i air a taisbeanadh cheana, le mòran; 's ann a chiteadh fuidh bheannachadh Dhé, Eaglais shaor, Eaglais għlan, Eaglais sgriobtuireil air a h-ath-thogail suas 'n ur measg, nach facas a leithid o cheud làithibh an Ath-leasachaidh. B' Eaglais an sin i, a bhiodh saor o ain-tighearnas dhaoine, o thoil dhaoine mòra na talmhainn bhi mar chuing m' a muineal. B' Eaglais i, anns am biodh Righ Shioin air 'aideachadh, an Tighearn Iosa Criod, mar is cubhaidh; agus bhiodh i air a h-aideachadh leis. Bu għlormhor an sealladh! Bhiodh aig teaghħach a' chreidimh r' a rādh, le għairdeachas, "Shil thu nuas uisge gu pait, a Dhé: air t' oighreached agus i sgith, dh' fhurtaich thu. Chòmhnuich do choimhthional innto; dheasaich thu a Dhé, do d' mhaithcas do 'n duine bhocd."

A luchd-aideachaidh Chriosd, smuainichibh air na nithibh so. "Labhraibh gu tric r' a chéile" mu 'n timchioll. "Iarraibh agus għeibh sibh"—comhairle o 'n Tighearn mu 'n timchioll; 's an uaigneas, agus r' a chéile. Amhaircibh riutha ann an solus na firinn. Agus ged nach faighteadh ann an coimhearsnachd, no ann an Sgireachd, ach dithis no triu, toileach a bhi ri saothair,—rachaibh air bhur n-agħaidh. "Feith air an Tighearn; glac misneach, agus neartaichidh esan do chridhe: feith, tha mi 'g rādh, air an Tighearn."

An urrainn dhuinn a smuaineachabb, 'n uair a dh' àicheadhar Criod anns an Eaglais Stéidilichte, mar a Righ, agus a Fear-lagħa, a h-uachdar-an, gu 'n soirbħich a rùn-sa an taobh stigh dh' i? Gu 'n iompaichead anama? Gu 'm beathaichead a shluagh innto? Is c dleasdanas a' chreidmhixx dealachadh rithe. Is c dleasdanas an anama neo-iompaichte e, air egal agus nach saothraich tuilleadh an Tighearna ris.

Labhrar 'n ur n-agħaidh. Bithidh iomadh do dhaoinibh mōra na talmhainn 'n ur n-agħla idh. Eisdidh iad ri dream àraid a bhios ri gearan oirbh. "Ann bhur foighidinn sealbhaicħibh bhur n-anama féin." "Na diġlaib olc air son uilc." Taisbeinibh gach ħumlachd dhligħeach,—do gach uachdar anachd dhligħeach, ann an nithibh aimsireil. Ach an uair a dh' oidhri picear le daoinibh tighinn eadaraibh agus bhur dleasdanas do 'n Tighearna; 'n uair a chronaichead, no a bhagħar, no 'n uair a nithear miodal ribb, 'g ur bacadħ 's an t-seirbħis, abraibh mar thubħairt Nehemiah ri teachdairibh Shanbalait agus Gheseim,—"Tha mi a' deanamh oibre mōra, agus cha 'n urrainn mi dol slos, c' ar son a sguireaddh an obair 'n uair a dh' fhägħaġġi-se i, agus a rachainn slos d' ur n-ionnsuidh."

A nis, a chum töiseachaidh, ma tha Fear-teagaigs bhur Sgireachd a' seasamh an aobhair, għeibh sibh län-sheoladħ uaithe-se. Ach mur h-eil, ach

'n a agliaidh, Coinnichibh, agus cuiribh neach tuigseach air aghaidh a dh' ionnsuidh na Sgìreachd a's dlùitho dhuibh far am bheil Fear-teagaisg a tha dileas do 'n aobhar. Agus, bheir e dhuibh làn-sheòladh, cia mar a gheibh sibh leabhraichean dhachaidh à Dun-eidin, a bhios feumail dhuibh ann an dol timchioll bhur Sgìreachd gu bhi a' tional a' bheagain a gheibh sibh, agus cionnas a bhuilichear's an àm e.

Cha'n iarrar as bhur làimh an cuideachadh a bheir sibh gu Eaglaisean a thogail, gus an tòisich iad. Ach cuiribh sios, ciod e tha sibh toileach a thoirt seachad, a chum 's gu 'm bi fios air. Agus eadhon mar h-eil an t-airgiot no an t-òr ann, feudaidh sibh chur sios, ciod an t-seirbhis a bheir sibh ann an Eaglais a thogail? Ach na bheirear leibh, beag no mòr e, chum frithealadh an t-soisgeil a chumail suas, 's a tha sibh toileach a thoirt seachad o bhliadhna gu bliadhna, mar a cheadaicheas an Tighearn, —cha'n e gu 'm bi aon cheangal air aon neach aon sgillinn a thoirt seachad an ath-bhliadhna, ged 'eil e air a' bhliadhna so 'g a thoirt seachad;—thoiribh a seachad a nis e, ann an rathad tòiseachaidh, o sheachduin gu seachduin, no o mhios gu mìos. Agus thoiribh an aire—na dealach-eadh esan ris, air an cuirear leibh càram a ghleidheil, gun làn urras bhi aige, gu 'n toirear air ais dhuibh e, ma 's e agus nach bi bhur cuibhrionn agaibh anns an ionmhas choitchionn, a chum frithealadh an t-soisgeil a chumail suas 'n ur measg.

A réir gach coslais, ma ta, bitidh an dealachadh ann, aig àm coinn-eachaidh an Aird Sheanaidh an Dun-éidin, air an ath mhìos—ceud mhìos an t-samhraidh. A thaobh mhinisteirean na h-Eaglais, bitidh fios an sin, co a thig a mach, agus eo nach tig. Agus an déigh àm an Aird Sheanaidh, is e a's coltaiche, gu 'n téid Luchd-teagaisg, dithis agus dithis timchioll gu bhur coinneachadh anns gach Sgìreachd air leth, agus fhaicinn, co iad a measg an t-sluaigh a thig a mach agus nach tig. Minicheadh an sin dhuibh gu farsuing, soilleir, riaghailtean na h-Eaglais Shaor sin, a tha sinn an dòchas fhaicinn fuidh bheannachadh Dhé, a' dol air a h-aghaidh; agus feumaidh sibh smuaineachadh, 's a' cheart àm, gur h-aon a réir mar gheibhear sibh féin toileach agus dùrrachdach 's an aobhar, a shoirbhicheas an t-aobhar mòr so, ann bhur measg.

A nis, Focal 's an dealachadh. Tha latha tagraidh agus dearbhaidh air tighinn oirnn o làimh, agus o chomhairle uile-ghlic an Uile-chumhachdaich. Tha an talamh mar air chrith fuidh ar cosaibh: tha sochairean ar n-Eaglais stéidhichte air an gluasad as an àit. Leugaibh an t-aon Salm deug. Is e còir agus dlighe Rìoghail Chriosd,—còir a Chrùinnsa, gu 'm biodh a thoil-sa 'n a Lagh d'a Eaglais féin. Aicheadhar so, agus an Eaglais dha-sa i m' faide? Is e glòir na h-Eaglais, gur h-e IÒSA CRIOSD a CEANN agus a RIGH. Tha so air àicheadh, 'n uair ghabhar a stigh d'a suidheachadh, aon riaghaith tha an aghaidh a thoil' fhoillsichte-sa. Bitidh an Eaglais, an sin, a' cur crùin Chriosd air ceann CHESAIR! Dearbhaidh an Tighearn le so, co a tha air a thaobh-sa, agus cò nach 'eil. Tha sinn, gach aon neach, fuidh an dearbhadh so. Gu soillsicheadh Dia an Spiorad shilean ar n-inntinn; gu fosgladh e ar tuigse; gu 'n cuireadh e a neart o nèamh 'g ar dion, agus a ghliocas 'g ar treòrachadh. Gu dòirteadh e sios air ar Tir Spiorad an aithreacais, agus na dilseachd mhacanta, le 'm bitheadh sinn 'g a leantuinn. O, a Chairdean ionmuinn, dlùthaichibh ris an Tighearn. Gairmibh air. Tagraibh as leth Luchd-teagaisg, gu 'm faighear dileas iad ann an là

an dearbhaidh. Biodh iad agaibh air bhur spioradaibh aig cathair nan gràs. A theaghlaich a' chreidimh, tha iad ag iarruidh bhur n-ùrnuigh-ean. Deanaibh ùrnuigh as leth a chéile. Deanaibh ùrnuigh as leth na dreama, tha a' cur ùghdarrais agus uachdaranachd Chriosd ann an neoshuim. Is là iongantach ar latha-ne. Tha trioblaidean ag éirigh, agus tha meallaidean uamhasach a' tighinn a stigh. Tha an Tighearn am fagus. 'S i beachd agus mothachadh theaghlaich a' chreidimh, anns gach Rìoghachd, gu 'm bi nithe mòra, an tìne ghèarr air an oibreachadh leis an Tighearn air Thalamh! Agus ma's i toil ghràsmhor an Tighearn a Spiorad féin a chur d'ar n-ionnsuidh, agus ar coimhead dileas do Chriosd ann an là an dearbhaidh, gu cinnteach thig an Tighearn a nuas 'n ar measg, agus chithear glòir a chumhachd fathast 'n ar measg, ann an oibrigh a ghràis. Bithidh na nithe tha nis air tighinn oirnn, cruaidh mar tha iad, o 'n leth muigh, a chum an t-Soisgeil gu mòr a chur air aghaidh. Gu cinnteach, tha an Tighearn a' taisbeanadh mòr iongantasan, a cheana, as ar leth, anns an inntinu fhial, thoileach, chàirdel, tha air a toirt leis do mhòran; agus anns an tomhas dilseachd, tha fathast leis-sa, air a thoirt do Luchd-teagaisg. As na nitibh so, O, na deanamaid uail. Thugaibh buidheachas do Dhia, agus glacaibh misneach. Amhaircibh os ceann dhaoine, os ceann nan uile nithe talmhaidb, —amhaircibh ris an Tighearn; agus feithibh air. Is iomadh là bròin, tha sinn a' creidsinn, a bha, cheana, aig mòran ris am bheil sinn a' labhairt, a thaobh nithe Dhé agus a thighe, agus iad ag ionndrain cumhachd a ghràis. A' dol air aghaidh dhuibh, ma ta, 'n a ainm agus 'n a neart-sa, a' cur bhur làimh r' a sheirbhis, neo-airidh mar tha sinn uile, gach neach, bithibh dileas, bithibh gniomhach, bithibh iriosal, bithibh cudmhor.

“ Dean subhach sinn a réir nan là
A chràidh thu sinn gu goirt;
A réir nam bliadhna ud faraon,
Am faca sinn an t-olc.

Taisbein do d' sheirbhisich do gniomh,
Faiceadh an clann do ghlòir,
Is bitheadh mais' ar Tighearn Dia
A' dealradh oirnn gu mor.

Na gniomhara a rinn ar làmh,
Socruich iad dhuinn, a Dhé;
Na gniomhara a rinneadh leinn;
Dean daingean iad gu léir.”

O 'n àm 's an do sgrìobh sinn na tha dol roimhe so,—tha ni no dhà air tachairt. Ann an dà thigh na Pàrlamaid, bha mòran air a labhairt mu ar n-Eaglais; agus ma bha, is beag is airidh e bhi 'g a aithris dhuibh; ach a m'hàin, mur measa àn gnothuch a nis, cha 'n ann ni 's feàrr a dh' fhàgadh leo e. Na 'm faigheadh sinne cho aon-sgeulach air taoblì na Firinn, 's a tha iad sud an aghaidh saorsa na h-Eaglais ann an nitibh spioradail,—cha b' eagal fathast dhuinn. An gearan mu dheireadh mu 'n do labhair sinn, a chuireadh suas le Buidheann an àird-Sheanaidh, cha d' fhuair e freagrachd, no, eo fhad 's is fiosrach sinne; sealltuinn idir ris,

o Luchd-Comhairle na Rìoghachd. Cha mhò, a nis, tha e coltach gu 'm faigh! Tha gnothuch agus àm an dealachaидh a' teannadh dlùth oirnne.

Tha tuilleadh na so ann.—Tha na Cùirtean-lagha a nis air toirmseasg do mhòran do na ministeiribh dileas iad a thighinn air an aghaidh agus suidhe 's an Ard-Sheanadh; ach gu 'm bi, olc air mhaith leinn, làmh-an-uachdar 's an Ard-Sheanadh aig an dream a bheir géill do 'n lagh aimsireil ann an nithibh spioradail na h-Eaglais. Bithidh, ma gheibh iad sud an toil féin, troimh-chéile 's an Ard-Sheanadh, nach facas, 's nach cualas riagh a leithid! Ach, a chàirdean, tha sinn an dòchas gu 'n coimhdear ann an sith, agus ann an ciùineachd mheasarra, agus ann an seasmhachd, a' mheud d' ar Luchd-teagaisg 's a tha ag iarruidh bhi dileas. 'S e an dealachadh gus an tig e. Tha sinn an dòchas gu 'm bi ministeirean dileas na h-Eaglais gu léir cruinn an Dun-éidin. Bithidh a' choinneamh, 'n a coinneamh ainmeil. Gu deònaich an Tighearn e féin a bhi a làthair, le a chomhairle, agus beul agus gliocas a thoirt d' a sheirbhisichibh.

Tha sinn an dòchas gu 'm faighear seòl air naidheachd na coinneimh a chur do bhur n-ionnsuidh air feadh na Gàeltachd air fad, co luath 's a ghiùlaineas litrichean e.

Agus a nis, a chàirdean ionmhuinn, tha aimsir thrioblaideach am fagus. Chi, agus feudaidh gu 'm faighear leibh, iomadh ni bhios 'n a bhrosnuchadh agus 'n a bhuaireadh do fheòil agus do fhuil. Agus tha an aon athchuinge so againn gu dian agus as bhur leth.—Na togaibh ur guth, agus, O idir, na togadh duine a làmh, ann an còmh-stri, no ann am buaireas, no ann an rathad troimh-chéile 's am bith. Na taisbeinibh naimhdeas, gu 'm bu fada uaibh e, an aghaidh aoin duine! Na biodh aig neach r'a ràdh, mu 'r timchioll-sa aig am bheil suim do aobhair Chriosd, gu 'n do ghiùlain sibh sibh féin gu neo-chubhaidh. Is ann bu mhaith le cuid do naimhdean an t-Soisgeil, gu 'm bitheadh a leithid so aca r'a thoirt 'n ur n-aghaidh.

Is ann a tha obair mhòr a nis gu bhi air a tòiseachadh 'n ar Tir—obair an Tighearna, tha sinn an dòchas. Buinidh eadhon naomhachd dili. Biodh clos agus stuamachd r'am faicinn oirbh, eadhon an làthair an t-saoghal. Dlùthaichibh, tha sinn a ris ag athchuinge oirbh, ris an Tighearn.

Tha sinn an dòchas gu 'm bi iomadh coinneamh ùrnuigh 'n ur Sgìrcachdaibh. Mar a thuirt Maois ri cloinn Israel aig a' muir Ruaidh, mar sin theireadh sinn ribh-se—"Seasaibh, agus faicibh slainte an Tighearn." Agus ma's i a thoil ghràsmhor-sa, gu 'm bi e féin maille ruinn;—as an trioblaid so, tha sinn gu cinnteach an dòchas, an tine nach bi fada, gu 'm faic sibh meadhona nan gràs, agus teachdairean an t-soisgeil, a' tighinn do bhur n-ionnsuidh, air dhoigh a bheir air iomadh neach fathast a ràdh, "Rinn an Tighearna nithe mòra air an son. Rinn an Tighearn nithe mòra air ar soin-ne: bha sinn aoibhneach."

Agus gu dùrachdach ghuidheadh sinn oirbh, na bithibh diomhain 's a' cheart àm. Bithibh a' cur gnothuichean air aghaidh. Na deanaibh maille; agus gu robh an Tighearn e fein maillo ri bhur spioradaibh

An treas là deug do mhios deireannach an Earruich, 1843.

In my opinion it will give a wider field. I believe it'll go about 100,000 words which is considerably more than double what we have now. I think it will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page.

20,000 a p = 4104.3.4

26-10

78-2 b

It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page.

It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page.

It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page.

It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page.

It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page. It will be a good deal more interesting to the public as our new dimensions will be a full page.

54 lines broad Broader page
will make 16 pages contain as
much as 32 of Quaintear

